

# LUNNAINN NAN GÀIDHEAL

## Gaelic London

TACHARTASAN GÀIDHLIG AN  
LUNNAINN  
ANNS NA SEACHDAINEAN  
A THA A' TIGHINN  
(Am Màrt 2009)

GAELIC EVENTS IN  
LONDON  
IN THE COMING WEEKS  
(March 2009)

### AM MÀRT (no “fìor thòiseach na bliadhna”)

**Uill, a chàirdean,** chan eil 'fhios 'am dé ur beachd-sa, 's e mo bheachd-sa nach ann ach anns a' Mhàrt a thòisicheas a' bhliadhna gu dòigheil. Tha 'fhios, tha mi 'tuigsinn gu'n do thòisich a' bhliadhna gu h-oifigeil dà mhìos air ais. Chan ann mar gu'n robh mi 'n còmhnaidh ann an àit' eile an leantail an fhànais 's na tìde - uill, chan ann fhad a's fhiosrach mi, co-dhiùbh! - ach air dhòigh air chor-eigin tha e coltach nach tig am fìor 'fhaireachadh' air a' bhliadhna ùir roimh'n Mhàrt.

Ach am bheil comh-thuiteamas sam bith ann? Mar a bha mi 'g ràdh an turus roimh seo, chan e a' chadair aimsireil a bhios 'gar riaghladh agus sinn 'nar daoine, ach 's e caladair nàdurach nan ràithean 's nan gleus. Le àm na Nollaige mar chuimhne chéin agus a' chuid a's miosa de'n gheamhradh air ar cùl (uill, tha sinn an dòchas gu'm bheil!), chan ann ach anns a' Mhàrt a bhios a' bhliadhna a' gabhail oirr' a fallainn fhéin. Saoilidh mi gu'm bi a' bhliadhna aig a' phuuing seo car beag coltach ri duine “an deaghaidh na h-oidhche roimhe”: bidh i ag éirigh às a leabaidh (gu mall), a' déanamh cùpan tì (gu mall mhall) agus a' smaointinn air sùil bheag a thoirt air na pàipearan mun déan i plàna no 'dhà air an latha roimhe ...

Agus ma bhios ùidh aic' a bhith a' coimhead a-mach troimh'n uinneig, chì i gu'm bheil an latha a' dol am

**Well, friends,** I don't know about you, but I think that the year doesn't properly begin until the month of March. Of course, I realise that officially the year began two months ago. It's not as if I occupy a different place in the space-time continuum - well, not as far as I'm aware at any rate! – but somehow it seems that it never truly 'feels' like a new year until March.

But is this any coincidence? As I was saying the last time, we as human beings are not governed by the temporal calendar, but by the natural calendar of seasons and moods. With Christmas a distant memory and the worst of the winter behind us (well, we hope so!), it's only in March that the year assumes its mantle. I suppose the year at this point is a little bit like a person “after the night before”: it gets out of bed (slowly), makes a cup of tea (very slowly) and thinks about flicking through the papers before making a few plans for the day ahead ...

And if it cares to look out the window, it will see that the days are getting longer, that the first few

## LUNNAINN NAN GàIDHEAL Gaelic London – 03/2009

fad is gu'm bheil na ciad ghrunnan de ghasan glas' a' nochdadh is gu'm bheil na h-eòin a' tilleadh an deaghaidh an cuairt chun nan cladaichean a's blàithe ... gu gearr, gu'm bheil a h-uile càil a' tilleadh chun na beatha. 'S eadh, chan ann ach anns a' Mhàrt a thòiseachas a' bhliadhna ùr ri a nàdur fhéin a ghabhail. Is maith a tha 'fhios againn uile gu dé 'thug a' bhliadhna seo a dh'fhalbh – a thaing sin aig "éiginn nan iasadan"! – ach dé 'bhios a' bhliadhna seo 'tighinn a' toirt seachad?

Uill, chan urrainn domh-sa freagairt a thoirt air seo, a chàirdean, ach le teachd an earraich faodaidh sinn mu dheireadh thall 'bhith an caraibh na bliadhna. Mar Ghàidheil ann an Lunnainn, ged nach fhaod sinn 'bhith a' "siubhal bheann" no a' "dol 'mach a dhireadh garbhlaich" mar a bu mhaith leinn ann an òrain ar gaoil, faodaidh sinn co-dhùibh cothrom a ghabhail air an t-sìde a's soirbheasaiche airson na pàircean is na h-àiteachan fosgailt' a tha aig a' bhaile mhór seo ri 'n tairgse a mhealtainn a-ris.

Mealaibh a' mhios a tha romhainn ... mealaibh Lunnainn ... mealaibh Lunnainn nan Gàidheal!

green shoots are appearing and that the birds are returning from their trip to warmer shores ... in brief, everything is coming back to life. Yes, it's only in March that the new year begins to assume its character. We all know very well what last year brought – thanks to the "credit crunch"! – but what will this year bring?

Well, I don't have an answer to that, friends, but with the coming of spring, we can finally get to grips with the year. As Gaels in London, although we can't "*traverse mountains*" or "*set out to climb the rugged moors*" as we would like to in our favourite songs, we can nevertheless take advantage of the more favourable weather to enjoy again the parks and open spaces that this great city has to offer.

Enjoy the month ahead ... enjoy London ... enjoy Gaelic London!

### TÌORaidh AN-DRàsD'!

### LEIS NA DÙRACHDAN MAR A'S ÀBHAIST

### EÒGHANN P.

PS/ Ma bhios sibh a' cur air dòigh thachartasan sam bith a bhios comh-cheangailte ri Gàidhlig no ris a' chultar Ghàidhealach an Lunnainn no an Ceann an Earra-dheas Shasainn 'san àm ri teachd, cuiribh fios chugam mu'n deidhinn!

PS/ If you are organising any future events relating to Gaelic or to Highland culture in London or the South-East of England, let me know about them!

**Sgrìobhaibh chugam air / Write to me on: [eoghannp@hotmail.com](mailto:eoghannp@hotmail.com)**

LUNNAINN NAN GÀIDHEAL  
Gaelic London – 03/2009

ÒRAID AIR CUSPAIR  
GÀIDHEALACH

Di-Ciadaoin, 4mh Màrt 2009  
aig 5.30f

Ann an **Acadamh na Breatainne (British Academy)**, 10 Carlton House Terrace, SW1Y (*Fon-talamh: Piccadilly Circus no Charing Cross*).

Òraid (anns a' Bheurla) leis an **Àrd-Oll. Thòmas Clancy**, air a' chuspair: "*Gàidhlig ann an Albainn na h-Aoise Meadhonaich: a teachd is a sgaoileadh*".

Uill, a chàirdean, their iad – nach abair? - gur e an sealgair a théid 'na sheilg, agus anns an òraid seo bidh an t-Àrd-Oll. Clancy a' toirt sùl' air an linn 'nuair a b' e cànan nan Gàidheal a' bhiodh a' cur nan cànanan eile an Albainn air teicheadh (agus cha b' ann air a chaochladh ...). Thachair sin gu léir mun d'ràinig cànan àraidh eile Alba, gu nàdurach ...

'S e **Cathraiche Roinn na Ceiltis** ann an **Oilthigh Ghlaschu** a th'anns an Àrd-Oll. Clancy. Thoirear an òraid seo seachad mar phàirt de shreath de dh'òraidean bliadhnail an cuimhne an Fhìor-Ònaraich Shir Iain Rhys nach maireann, àrd-ollamh na Ceiltis ann an Oilthigh Oxford. Leanaidh fàilteachas air an òraid.

Inntreas: *saor 's an asgaidh*

LECTURE ON A  
GAELIC THEME

Wednesday, 4th March 2009  
at 5.30pm

At the **British Academy**, 10 Carlton House Terrace, SW1Y (*Underground: Piccadilly Circus or Charing Cross*).

Lecture (in English) by **Prof. Thomas Clancy**, on the subject: "*Gaelic in Mediaeval Scotland: advent and expansion*".

Well, friends, they say – don't they? – that the hunter gets hunted by the game, and in this lecture Prof. Clancy will be looking at the time when the Gaelic language put other languages in Scotland to the chase (and not the other way round ...). This was all before the arrival of a certain other language in Scotland, of course ...

Prof. Clancy is the **Chair of Celtic at Glasgow University**. This lecture will be delivered as part of the series of annual lectures in memory of the late Rt. Hon. Sir John Rhys, professor of Celtic at the University of Oxford. The lecture will be followed by a reception.

Admission: *free of charge*

Làrach-lìn / Website: [www.britac.ac.uk/events](http://www.britac.ac.uk/events)

LUNNAINN NAN GÀIDHEAL  
Gaelic London – 03/2009

CLASAICHEAN MÌOSAIL  
NA PÌOBAIREACHD  
AIG SPSL

Diar-Daoin, 5mh Màrt 2009  
bho 6:30f gu 8:00f

Aig Comunn Albannach na Pìobaireachd an Lunnainn (SPSL), Sgoil Charlotte Sharman, St. George's Road, West Square, Lambeth, SE11 (teann air Taigh-taisbeanadh Ìompaireil a' Chogaidh) (*Fon-talamh: Elephant & Castle no Lambeth North*).

An dàrna clas de'n t-seisean ùr: **oid eachadh fiosrachail** aig buill a' Chomuinn fhéin.

Inntreas: £10

*NB/ Na'm bu mhaith leibh 'bhith an làthair aig na clasaichean seo, cuiribh fios roimh làimh gu **Alasdair Mac a' Ghobhainn** air [alasdairthepiper@hotmail.com](mailto:alasdairthepiper@hotmail.com).*

DANNSA ALBANNACH  
AN TEAS-MEADHON  
LUNNAINN

Di-Sathairne, 7mh Màrt 2009  
bho 7:00f gu 10:30f

Comh-thachartas aig **Club na Gàidhealtachd an Lunnainn**, an comh-bhoinn ri **RSCDS Meur Lunnainn**, **Comunn Cinnidhean na h-Albann an Lunnainn** agus **Little Ship Club** (*'Club nan Long Beaga?'* © – an Deasaiche).

Ann an talla iarach Eaglais Choluim Chille, Sràid Pont, Knightsbridge, SW1 (*Fon-talamh: Sloane Square no Knightsbridge*).

MONTHLY PIPING  
CLASSES  
AT THE SPSL

Thursday, 5th March 2009  
from 6:30pm to 8:00pm

At the **Scottish Piping Society of London (SPSL)**, Charlotte Sharman School, St. George's Road, West Square, Lambeth, SE11 (close to the Imperial War Museum) (*Underground: Elephant & Castle or Lambeth North*).

Second class of the new season: **expert tuition** from the Society's own members.

Admission: £10

*NB/ If you would like to attend these classes, contact **Alasdair Smith** in advance on [alasdairthepiper@hotmail.com](mailto:alasdairthepiper@hotmail.com).*

SCOTTISH DANCE  
IN  
CENTRAL LONDON

Saturday, 7th March 2009  
from 7.00pm to 10.30 pm

Joint event at the **London Highland Club**, in association with **RSCDS London Branch**, **Scottish Clans Association of London** and **Little Ship Club** (*'Club nan Long Beaga?'* © – Editor).

In the lower hall of St. Columba's Church, Pont Street, Knightbridge, SW1 (*Underground: Sloane Square or Knightsbridge*).

**LUNNAINN NAN GÀIDHEAL**  
**Gaelic London – 03/2009**

Iol-dannsadh ri ceòl **Iain Raibeardain is a chòmhlain-chiùil**.

Country dancing to the music of **Ian Robertson and his band**.

Inntreas: £8.50 / £7 (*buill*).

Admission: £8.50 / £7 (*members*).

*NB/ Gheibhear na tiocaidean air an tachartas seo "aig an doras" air an oidhche fhéin.*

*NB/ Tickets for this event will be available "on the door" on the evening itself.*

Làrach-lìn / Website: [www.londonhighlandclub.co.uk](http://www.londonhighlandclub.co.uk)

**SEIRBHS  
GHÀIDHLIG  
RÀITHEIL**

**QUARTERLY  
GAELIC  
SERVICE**

**Là na Sàbaid, 8mh Màrt 2009,  
aig 3:30f**

**Sunday, 8th March 2009,  
at 3:30pm**

Seirbhis eaglaiseil ann an Gàidhlig leis an **Urr. Iain A. MacGill'Ìosa, Inbhir Nis**.

Church service in Gaelic with the **Rev. John A. Gillies, Inverness**.

Le **srùbaig** ann an talla na h-eaglaise an deaghaidh làimh (agus, mar a thuir sinn an turus roimh seo, 's i seo té de na srùbagan a's fheàrr a th'ann an Lunnainn – le cùpan tì, céic agus còmhradh ann an Gàidhlig no 'sa Bheurla!).

With a '**stroupach**' (cup of tea) in the church hall afterwards (and, as we said the last time, this is one of the best 'stroupachs' in London – with a cuppa, cake and a chat in Gaelic or English!).

Làrach-lìn / Website: [www.crowncourtchurch.org.uk](http://www.crowncourtchurch.org.uk)

**"CLUB NAM  
PIÒBAIREAN"  
AIG SPSL**

**"PIPERS' CLUB"  
AT  
THE SPSL**

**Di-Sathairne, 14mh Màrt 2009,  
aig 7:00f (airson 7:30f)**

**Saturday, 14th March 2009,  
at 7:00pm (for 7:30pm)**

Aig **Comunn Albannach na Pìobaireachd an Lunnainn (SPSL)**, seòmar uarach ann an taigh-òsd' *The Mudlark*, 4 Montague Close, London Bridge, SE1 (mu choinneimh Talla nan Gloinneadairean) (*Fon-talamh: London*

At the **Scottish Piping Society of London (SPSL)**, upstairs room at *The Mudlark* pub, 4 Montague Close, London Bridge, SE1 (opposite the Glaziers' Hall) (*Underground: London Bridge*).

**LUNNAINN NAN GÀIDHEAL**  
**Gaelic London – 03/2009**

*Bridge).*

Bidh **ceudail na pìobaireachd** a' leantainn aig a' chlub mhiosail seo (a bhios fosgailte ris an luchd-tadhail cuideachd): gabh àite, gabh pinnt – agus tog fonn! **Slàinte!**

Inntreas: £7 / £5 (*buill SPSL*)

**Piping recitals** continue at this monthly club (also open to visitors): grab a pew, grab a pint – and raise a tune! **Slàinte!**

Admission: £7 / £5 (*SPSL members*)

Làrach-lìn / Website: [www.scottishpipingsocietyoflondon.com](http://www.scottishpipingsocietyoflondon.com)

**CLASAICHEAN  
AN IOL-DANNSAIDH  
ALBANNAICH  
AN TEAS-MEADHON  
LUNNAINN**

Aig **Comunn Rìoghail an Iol-Dannsaich Albannaich (RSCDS)**, Meur Lunnainn

**Clasaichean do dh'inbhich:** air feasgar Ciadaoin bho **8:00f gu 9:30f** ann an Sgoil Marlborough, Sloane Avenue, Kensington, SW3 (*Fon-talamh: South Kensington no Sloane Square*).

Inntreas: £8 an clas / £65 an teirm / £60 an teirm (*buill RSCDS*) / £35 an leth-theirm

An ciad chlas 'sa Mhàrt: **Di-Ciadaoin, 4mh Màrt 2009.**

Deireadh teirm an earraich: **Di-Ciadaoin, 25mh Màrt 2009.**

**Clas do chloinn:** **Di-Sathairne, 14mh Màrt 2009**, bho **10:30m gu 11:30m** ann an talla Eaglais Choluim Chille, Sràid Pont, Knightsbridge, SW1 (*Fon-talamh: Sloane Square no Knightsbridge*).

Inntreas: £2

**SCOTTISH COUNTRY  
DANCING CLASSES  
IN  
CENTRAL LONDON**

At the **Royal Scottish Country Dancing Society (RSCDS)**, London Branch

**Classes for adults:** on **Wednesday evenings** from **8:00pm to 9:30pm** at Marlborough School, Sloane Avenue, Kensington, SW3 (*Underground: South Kensington no Sloane Square*).

Admission: £8 per class / £65 per term / £60 per term (*RSCDS members*) / £35 per half-term

First class in March: **Wednesday, 4th March 2009.**

End of spring term: **Wednesday, 25th March 2009.**

**Class for children:** **Saturday, 14th March 2009**, from **10:30am to 11:30am** in the hall of St. Columba's Church, Pont Street, Knightbridge, SW1 (*Underground: Sloane Square or Knightsbridge*).

Admission: £2

Làrach-lìn / Website: [www.rscdslondon.org.uk](http://www.rscdslondon.org.uk)

LUNNAINN NAN GÀIDHEAL  
Gaelic London – 03/2009

CÉILIDH IS ÒRAIN  
AIG CGL

Di-Sathairne, 21d Màrt 2009

Clas nan òran bho 5f gu 6:30f  
Céilidh bho 7:30f air adhart

Aig **Comunn Gàidhlig Lunnainn (CGL)**, talla Eaglais Cùirt a' Chrùin, Covent Garden, WC2 (*Fon-talamh: Covent Garden no Charing Cross*).

'S ann aig **Seonag Mhoireasdan** a tha fear de na guthan a's bòidhche air a' Ghàidhealtachd an latha an-diugh, agus tha **Comunn Gàidhlig Lunnainn** làn-toilichte furan a chuir oirre mar "aoigh shònraichte" na h-oidhche air an 21d.

Buinidh Seonag do dh'**Eilean Leódhais** (Càrlabhagh agus Cnoc an Rubha), far an do thogadh i mun do dh'imrich i gu tìr-mór. Bidh mòran againn eòlach oirre troimh a cuid seinn le **Còisir Ghàidhlig na Leargaidh Gallda** agus, anns na bliadhnaichean a's ùire, le **Còisir Ghàidhlig Ghlaschu** (na "GGs"!).

Bidh Seonag a' comh-roinneadh ruinn cuid de a h-òrain ann an **clas nan òran**, agus bidh an cothrom ann air tuille a chluinntinn uaip' an deaghaidh làimh aig a' **chéilidh**: ceòl, craic agus cuirm 'san t-seann dòigh aig CGL!

Inntreas: £15 (*clas a-mhàin*); £20 (*céilidh a-mhàin*); £25 (*clas + céilidh*).

*NB/ Na'm bu mhaith leibh 'bhith an làthair aig **clas nan òran**, cuiribh fios roimh làimh gu Rùnaire urramach a' Chomuinn, **Tòmaidh MacAsgail** (post-d: [tommymaca@hotmail.com](mailto:tommymaca@hotmail.com); fón: 020 7828 8978).*

CÉILIDH AND SONGS  
AT GSL

Saturday, 21st March 2009

Song-class from 5pm to 6:30pm  
Céilidh from 7:30pm onwards

At the **Gaelic Society of London (GSL)**, hall of Crown Court Church, Covent Garden, WC2 (*Underground: Covent Garden or Charing Cross*).

**Joan Morrison** has one of the loveliest voices in the Gàidhealtachd today, and the **Gaelic Society of London** is delighted to welcome her as the "special guest" for the evening on the 21st.

Joan comes from the **Isle of Lewis** (Carloway and Knock, Point), where she was brought up before moving to the mainland. Many of us will be familiar with her through her singing with **Largs Gaelic Choir** and, in recent years, **Glasgow Gaelic Choir** (the "GGs"!).

Joan will be sharing some of her songs with us at the **song-class**, and there'll be an opportunity to hear more from her afterwards at the **céilidh**: music, craic and hospitality in the traditional way at the GSL!

Admission: £15 (*class only*); £20 (*céilidh only*); £25 (*class + céilidh*).

*NB/ If you would like to attend the **song-class**, contact the Honorary Secretary of the Society, **Tommy MacAskill** in advance (e-mail: [tommymaca@hotmail.com](mailto:tommymaca@hotmail.com); tel.: 020 7828 8978).*

## LUNNAINN NAN GÀIDHEAL Gaelic London – 03/2009

*Gheibhear na tiocaiden air a' **chéilidh** roimh làimh aig Tòmaidh, no "aig an doras" air an oidhche fhéin.*

*Tickets for the **céilidh** are available in advance from Tommy, or "on the door" on the evening itself.*

Làrach-lìn / Website: [www.comunnlunnainn.co.uk](http://www.comunnlunnainn.co.uk)

### CUAICH CHALCUTTA (IS EILE)

**Di-Sathairne, 21d Màrt 2009  
bho 11:00m air adhart**

Aig **Club Albannach a' Bhuill-Choise an Lunnainn (LSFC)**, Blàr nan Lùth-Chleasan, Kew Foot Road, Richmond, Surrey TW9 2SS (*Fon-talamh: Richmond*).

Uill, a chàirdean, mar Ghàidheil, saoilidh mi gu'm bu chòir dhuinn ar camain a chur seachad – fad aon latha, co-dhiùbh ☺ – agus cluich' eile a thogail ... 's eadh, 's e **Là Cuaich Chalcutta 2009!**

Airson an latha mór a chomharrachadh tha LSFC a' cur air dòigh "**Cuirm Cuaich Chalcutta**" – le dà chluiche (LSFC *an aghaidh* Rugby Lions; Alba *an aghaidh* Shasainn "beò" air an sgàilean mhór), aoi gheachd, còmhlàn-phiobaireachd agus pùball.

An comh-bhoinn ri **Visit Scotland** agus **Homecoming Scotland 2009**.

Inntreas: *iomadach prìs*

*NB/ Tha LSFC a' tairgse iomadach pasgan-aoigheachd air an latha fhéin: airson tuille fiosrachaidh 'fhaotainn, cuiribh fios chun a' **Club** (post-d: [admin@london.scottish.com](mailto:admin@london.scottish.com); fòn: 020 8940 7156).*

### CALCUTTA CUP (AND MORE)

**Saturday, 21st March 2009  
from 11:00am onwards**

At the **London Scottish Football Club (LSFC)**, The Athletics Ground, Kew Foot Road, Richmond, Surrey TW9 2SS (*Underground: Richmond*).

Well, friends, as Gaels, I suppose we ought to put away our shinty sticks – for one day, at least ☺ - and a take up a different game ... yep, it's **Calcutta Cup Day 2009!**

To celebrate the big day, the LSFC is organising the "**Calcutta Cup Carnival**" – with two matches (LSFC *versus* Rugby Lions; Scotland *versus* England live on the big screen), entertainment, pipe band and marquee.

In association with **Visit Scotland** and **Homecoming Scotland 2009**.

Admission: *varies*

*NB/ The LSFC is offering various hospitality packages on the actual day: for more information, contact the **Club** (e-mail: [admin@london.scottish.com](mailto:admin@london.scottish.com); tel.: 020 8940 7156).*

Làrach-lìn / Website: [www.london.scottish.com](http://www.london.scottish.com)

... AGUS DÌREACH MAR 'CHOBHAIR-CHUIMHNE' ...

... AND JUST AS AN 'AIDE-MÉMOIRE' ...

**HISL –  
ATHARRACHADH  
SEÒLAIDH-D**

Seo agaibh a-ris e, an seòladh-d ùr aig **Comunn na Gàidhealtachd is nan Eilean an Lunnainn (HISL)** (bha mearachd anns an t-seòladh a nochd anns an àireimh roimh seo – duilich, a chàirdean!).

**HISL –  
CHANGE OF  
E-ADDRESS**

Here it is again, the new e-address for the **Highlands and Islands Society of London (HISL)** (there was an error in the address that appeared in the last edition – sorry, friends!).

Làrach-lìn / Website: [www.thehisl.co.uk](http://www.thehisl.co.uk)

**CLASAICHEAN  
AN IOL-DANNSAIDH  
GHÀIDHEALAICH AN  
CHISWICK**

**Diar-Daoin, 5mh Màrt 2009  
agus  
Diar-Daoin, 19mh Màrt 2009,  
7.15f gu 9.15f**

*(An treas fhear is an ceathramh  
fhear ann an sreath de cheithir  
clasaichean)*

Aig **Comunn Rìoghail an Iol-Dannsaidh Albannaich (RSCDS)**, Meur Lunnainn, Eaglais St. Michael and All Angels (talla uarach), oisinn The Avenue agus Bath Road, Chiswick, W4 (*Fon-talamh: Turnham Green*).

Airson tuille fiosrachaidh 'fhaotainn, cuiribh fios gu **Margaret Shaw** (*fón: 020 7329 2847; post-d: [classes@rscdslondon.org.uk](mailto:classes@rscdslondon.org.uk)*).

Inntreas: £6 an clas.

**HIGHLAND COUNTRY  
DANCING CLASSES IN  
CHISWICK**

**Thursday, 5th March 2009  
and  
Thursday, 19th March 2009  
7.15pm 'til 9.15pm**

*(Third and fourth in a series of  
four classes)*

At the **Royal Scottish Country Dancing Society (RSCDS)**, London Branch, St. Michael and All Angels Church (upper hall), corner of The Avenue and Bath Road, Chiswick, W4 (*Underground: Turnham Green*).

For more information, contact **Margaret Shaw** (*tel.: 020 7329 2847; e-mail: [classes@rscdslondon.org.uk](mailto:classes@rscdslondon.org.uk)*).

Admission: £6 per class.

LUNNAINN NAN GÀIDHEAL  
Gaelic London – 03/2009

Làrach-lìn / Website: [www.rscdslondon.org.uk](http://www.rscdslondon.org.uk)

... AGUS SÙIL AIR ADHART AIR ...

... AND LOOKING AHEAD TO ...

**FÉIS LUNNAINN**

**Bho Dhi-hAoine,  
11d Sultainn 2009  
gu Là na Sàbaid,  
13mh Sultainn 2009**

Ann an **Colaisde Froebel, Roehampton**, an taobh iar-dheas Lunnainn.

Mar a's fhiosrach le móran againn mu thràth, 's i **Féis Lunnainn** té de na h-**àrd-phuingean** ann an caladair chultairil nan Gàidheal an-seo anns a' "Bhaile Mhór".

Air an adhbhar seo, tha sinn làn-toilichte aithriseadh gu'm bi an Fhéis a' tachairt a-ris am-bliadhna – thar an dàrna chinn-sheachdain de'n t-Sultainn – anns an oighreachd bhòidhich mu **Cholaisde Froebel**, 'san taobh iar-dheas de'n bhaile.

Mar phàirt de **ghluasad nam Féis**, 's e amas a th'aig Féis Lunnainn a bhith a' brosnachadh nan ealdhain Ghàidhealach troimh ionnsachadh is chomh-phàirteachas, air dòigh a bhios 'ga dhéanamh cho so-ruigsinneach 's a ghabhas. Bidh òrdugh a' chinn-sheachdain a' gabhail a-steach oideachaidh anns **an t-seinn Ghàidhealaich, an fhidheall** agus **a' bhogsa-chiùil**, am measg rudan eile. Gu nàdurrach, oir 's e **féis** ('san fhìor-chéill) th'ann, bidh an cothrom ann air spòrs is aotromachd gu leór cuideachd! Agus cumamaid an cuimhne na **céilidhean** le cuid de na

**FÉIS LUNNAINN**

**From Friday,  
11th September 2009  
to Sunday,  
13th September 2009**

In **Froebel College, Roehampton**, south-west London

As many of us are already aware, **Féis Lunnainn** is one of the **highlights** in the Gaelic cultural calendar here in the "Big Smoke".

We are therefore delighted to mention that the Féis will be taking place again this year – over the second weekend of September – in the beautiful grounds of **Froebel College**, in the south-west of the city.

As part of the **Féis movement**, Féis Lunnainn aims to encourage the Gaelic arts through learning and participation, in a way that makes it as accessible as possible. The programme for the weekend includes tuition in **Gaelic singing, fiddle** and **accordion**, amongst others. Naturally, since it's a **féis** (in the true sense), there'll be plenty of opportunity for light-hearted fun too! And let's not forget the **céilidhs** with some of the **best players** from the Gàidhealtachd!

## LUNNAINN NAN GÀIDHEAL Gaelic London – 03/2009

**cluicheadairean a's fheàrr** ás a'  
Ghàidhealtachd!

Tha an **làrach-lìn** ùr aig Féis Lunnainn "ga togail" fhathast, ach cumaibh sùil oirre bho àm gu àm! 'San eadar-ama, carson nach cuir sibh tadhal air an **làraich-lìn choitchinn** a th'aig gluasad nam Féis?

The new Féis Lunnainn **website** is still "under construction", but keep an eye out for it from time to time! In the meantime, why not visit the **general website** of the Féis movement?

Làrach-lìn / Website: [www.feisean.org](http://www.feisean.org)

**Agus na 'regulars': cuimhnichibh gu'm bi na tachartasan seo a' ruith fad na bliadhna!**

*And the 'regulars': don't forget that these events run throughout the year!*

### CÒISIR LUNNAINN

A' chòisir Ghàidhlig an Lunnainn; coinneamh gach **Di-Màirt** ann an talla **Eaglais Cùirt a' Chrùin** (ri taobh Taigh-cluiche Fortune), Covent Garden, WC2 aig **7.00f** (*Fon-talamh: Covent Garden no Charing Cross*).

### CÒISIR LUNNAINN

The **Gaelic choir in London**; meets every **Tuesday** in the hall of **Crown Court Church** (next to the Fortune Theatre), Covent Garden, WC2 at **7.00pm** (*Underground: Covent Garden or Charing Cross*).

Làrach-lìn / Website: [www.coisirlunnainn.org.uk](http://www.coisirlunnainn.org.uk)

Post-d / E-mail: [coisirlunnainn@fmail.co.uk](mailto:coisirlunnainn@fmail.co.uk)

### CLASAI CHEAN GÀIDHLIG

Anns a' **CityLit**, Sràid Keeley, Holborn, WC2 (*Fon-talamh: Holborn*)

**Ìre 1:** gach **Di-Ciadaoin** aig **6.00f**

**Ìre 2:** gach **Di-Ciadaoin** aig **7:30f**

### GAELIC CLASSES

At the **CityLit**, Keeley Street, Holborn, WC2 (*Underground: Holborn*)

**Level 1:** every **Wednesday** at **6:00pm**

**Level 2:** every **Wednesday** at **7:30pm**

Làrach-lìn / Website: [www.citylit.ac.uk](http://www.citylit.ac.uk)